

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' DEALBH AN T-SLIGHE SON FOGLAM GÀIDHLIG

Ri chleachdadadh bho seo a-mach – 14 Am Màr 2011

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tional bheachdan air an t-slige air adhart airson foghlam Gàidhlig le còmhraidhean agus deasbad am measg Bhuidhnean Fòcas a bhios a' cur ris a' phròiseas ann a bhith a' stèidheachadh ro-innleachd foghlaim ùr dhan chànan.

Chaidh na Buidhnean Fòcas ùr a stèidheachadh an dèidh coinneimh a bh' ann air an 27mh den Fhaoilleanach den Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta airson Foghlam, far a bheil na buidhnean gu lèir a tha an sàs ann an seirbheisean foghlaim Gàidhlig a' tighinn còmhla.

Thuirt Stiùiriche Foghlaim agus Ionnsachadh a' Bhùird Mairi NicIleMhaoil gu bheil na Buidhnean Fòcas air leth cudromach ann a bhith a' beachdachadh air an t-slige air adhart airson Foghlam Gàidhlig.

Thuirt i: "Tha sinn a-nis air tòiseachadh a' beachdachadh air dè dh'fheumas a bhith anns an ath ro-innleachd nàiseanta airson foghlam mar phàirt dhen deisealachadh airson an ath Phlana Nàiseanta an 2012. Tha sinn aig a' cheart àm an teis-mheadhain a bhith a' coileanadh amasan ar Plana Gnìomh Ginealach Ùr na Gàidhlig agus taobh-staigh sin uile, tha na diofar loidhnichean de phoileasaidh a dh'fheumas sinn a shniomh còmhla airson mineachadh slighe air adhart a bhios cunbalach agus seasmhach."

Thuirt Màiri: "Tha a' Chiad Bhuidheann Fòcas a' beachdachadh air na cothroman ann a bhith leasachadh foghlam Gàidhlig. Tha iomadach ceist an sin an-dràsta air a bheil fuasgladh a dhìth. Tha an Dàrna Buidheann a' breithneachadh air Aithisg Donaldson air luchd-teagaisg agus a' bhuaidh a dh'faodadh a bhith aig sin air leasachadh foghlam Gàidhlig. Choinnich sinn airson dà latha airson cùisean a thoirt air adhart agus bha buidhnean leithid Luchd-Sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (HMIE), Ùghdarrasan Ionadail, Ionnsachadh agus Teagasg Alba (LTS) agus Stòrlann, a bharrachd air na h-Oilthighean an làthair."

Thèid pàipearan adhartais nis a dheisealachadh airson na h-ath choinneimh den Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta agus bidh na pàipearan seo a' biathadh a-staigh dhan dàrna ro-innleachd foghlaim.

A' chrìoch

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release




Ma tha sibh airson an tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mun naidheachd a tha seo, cuiribh fios gu Mairi NicIleMhaoil, Stiùiriche Foghlaim agus Ionnsachadh Bhòrd na Gàidhlig air 07500 099 394

Foillsichte: Diluain, 14mh Màrt, 2011

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG PAVING THE WAY FOR GAELIC EDUCATION

Immediate Release – 14 March 2011

Bòrd na Gàidhlig is taking soundings on the way forward for Gaelic education through talk and debate with focus groups, that will participate in the process of establishing a new strategy for the language.

The new Focus Groups were set up after a meeting on 27 January of the National Gaelic Education Strategy Steering Group, a national forum for all of the organisations involved in Gaelic educational services.

Mary MacMillan, Bòrd na Gàidhlig Director of Education and Learning, said that the Focus Groups are particularly important in considering the way forward for Gaelic Education.

She said, “We have now started deliberating on the content of the next national strategy for education as part of the preparation for the next National Gaelic Plan in 2012. At the same time, we are very much involved in fulfilling the aims of the Action Plan for Gaelic, *Ginealach Ùr na Gàidhlig* and within all of that there are the different policy strands which have to be drawn together in order to define a way forward that will be consistent and sustainable.”

Mary said, “The first Focus Group is looking at the opportunities for development of Gaelic education. There are many questions in that field at present that require a solution. The second Focus Group is reviewing the Donaldson Report on teachers and the impact it could have on the development of Gaelic education. We met for two days in order to move matters forward and organisations such as HMIE, Local Authorities, Learning & Teaching Scotland, Stòrlann were present, as were the Universities.”

Progress papers will now be prepared for the next meeting of the National Gaelic Education Strategy Steering Group and these papers will feed into the second education strategy.

Ends

If you require further information about this press release, please contact Mary MacMillan, Director of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig on 07500 099 394

Released: Monday 14 March 2011